




A' chlach-iarrtais

# Am brat-ürlair seunta



William Edmonds • Shelagh McNicholas agus Robert McPhillips

A' chlach-iarrtais



SANDBANK PR.  
SANDBANK

# Am brat-ùrlair seunta



An teacs a William Edmonds  
Na dealbhan Shelagh McNicholas  
agus Robert McPhillips  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



## Chun na fàsaich

Bha an t-uisge ann.

Bha Yasmin, Seoc agus Iain  
a' cluich a-staigh.


Bha iad nan suidhe air brat-ùrlair  
a' dèanamh mìrean-measgaichte.

Thuir Yasmin, “Tha mise sgìth dhen seo.

B' fheàrr leam gu stadadh an t-uisge.”

“B' fheàrr leam gun robh sinn ann an  
àiteigin teth,” arsa Seoc.

B' fheàrr leam gu sgèitheadh am brat-ùrlair  
seo air falbh,” ars Iain.



“Nach iarr sinn rudeigin air a' chloich-  
iarrtais?” arsa Yasmin, agus thug i clach  
bheag a-mach às a pòcaid. Bha a' chlach  
pinc, glas agus gorm, agus bha toll na  
meadhan. Chuir Iain a chòrrag dhan toll.  
Dhùin iad uile an sùilean an uair sin agus  
rinn iad cagar beag, “Aon ... dhà ... trì ...  
Bu mhiann leinn ... !”

Nuair a dh'fhosgail iad an sùilean a-rithist  
bha iad a' sgèith air a' bhrat-ùrlair.

Suas, suas gun deach iad, thairis air na  
taighean, thairis air na craobhan agus suas  
thairis air na sgòthan, gus an do ràinig iad  
an t-adhar gorm.

“Saoil càit an toir am brat-ùrlar sinn?”

arsa Yasmin.

“Àiteigin teth tha mi 'n dòchas,” arsa Seoc.



Fada fada air falbh sgèith iad, thairis air  
na beanntan agus thairis air a' mhuir.

Mar a b' fhaide dh'fhalbhadh iad 's ann a  
bu bhlàithe bha an t-sìde a' fàs.

Bha a' chlann a' fàs na bu bhlàithe agus na  
bu bhlàithe.

“Nach tèid sinn sìos feuch am faic sinn  
càit a bheil sinn?” ars Iain.

Gu socair thàinig am brat-ùrlair a-nuas  
às na speuran.

Nuair a thàinig am brat-ùrlair a-nuas  
choimhead a' chlann mu chuairt.

Bha iad a' faicinn gainmheach sa h-uile  
h-àite.

“Tha sinn ann am fàsach,” arsa Yasmin.


“Agus tha mise a' faicinn càmhhal,” arsa Seoc.

Thionndaidh an càmhhal mu chuairt nuair  
a chunnaic e a' chlann agus dh'fhaighnich e,

“Dè tha sibh ag iarraidh an seo?”

“Tha sinn ag iarraidh marcachd,” thuir Iain.


“Sreapaibh suas air mo dhruim,” ars an  
càmhhal, “agus bheir mi fhèin cuairt sibh.”



Dh'fhalbh an càmhhal leotha tarsainn na fàsaich.

Cha robh ri fhaicinn ach gainmheach sa h-uile h-àite.

“Saoil càit a bheil sinn a’ dol?” thuirt Yasmin.



“Tha i uabhasach teth,”  
ars Iain.


“B’ fheàrr leam gun  
robh deoch againn.”



“Nam b’ e càmhhalan a bhiodh annainn,  
rachadh sinn ùine mhòr gun deoch,” arsa Seoc.

Dìreach an uair sin ruith an càmhhal  
gu mullach cnuic.

Stad an càmhhal an sin.




“Nach seall sibh a’ phioramaid!”  
arsa Yasmin.  
“Tha i eireachdail,” arsa Seoc. “Nach tèid  
sinn suas thuice?”  
Chaidh an càmhail a-null chun na pioramaid.  
Ach thòisich a’ ghaoth a’ sèideadh  
an uair sin.

Sheub i a’ ghainmheach agus chaidh i ann an  
sùilean, cluasan agus suas sròinean na cloinne.  
“Feumaidh sinn faighinn dhan fhasgadh,”  
arsa Seoc.  
“Seall! Siud doras. Thèid sinn a-steach an  
siud.”

Phut a' chlann an doras trom, dh'fhosgail e agus chaidh iad a-steach dhan phioramaid.



Bha i uabhasach fuar dorch a-staigh an sin. "Cha toil leam a bhith a-staigh an seo," ars Iain. "Seall!" dh'èigh Yasmin. "Tha a' ghaoth a' dùnadh an dòrais. Greasaibh oirbh! Mach à seo leinn san spot."



Ruith a' chlann a-mach às a' phioramaid dìreach ann an tìde. Dhùin a' ghaoth an doras le brag às an dèidh!

"S ann an deagh àm a fhuair sinn a-mach às an siud," arsa Yasmin.

"Tha mise ag iarraidh air falbh on ghainmhich seo," arsa Seoc.

"Agus tha mise airson a dhol a dh'àiteigin fuar," thuirt Iain.

Mar sin, dh'fhàg a' chlann slàn aig a' chàmhhal agus shuidh iad air a' bhrat-sheunta.







## Chun a' Phòla a Tuath

Dh'èirich am brat-seunta suas thairis air a' ghainmhich, thairis air a' mhuir agus air na beanntan. Mar a b' fhaide a rachadh iad 's ann a b' fhuaire bha i a' fàs.

"Seall shìos an siud," ars Iain.

"Tha a h-uile h-àite geal."

"Nach tèid sinn sìos a choimhead," arsa Seoc.

Gu socair thàinig am brat-ùrlair sìos às na speuran.



Nuair a stad am brat-ùrlair,  
choimhead a' chlann mu chuairt.

Bha tòrr mòr sneachda ann.

"Tha mise a' faicinn rèin-fhiadh," ars Iain.

Thionndaidh am fiadh mu chuairt nuair a chunnaic e a' chlann.

"Dè tha sibh ag iarraidh?" dh'fhaighnich e.

"Tha sinn ag iarraidh a dhol chun a' Phòla a Tuath," ars Iain.

"Leumaibh air an t-sleidse agus bheir mise sibh cho fada 's as urrainn dhomh," thuir an rèin-fhiadh.

Mach a dh'fhalbh an rèin-fhiadh tron t-sneachd. Cha robh a' chlann a' faicinn ach sneachd, sneachd agus tuilleadh sneachd anns gach àite.

“Tha mo shròn-sa fuar,” arsa Yasmin.

“S e mo chluasan-sa tha fuar,” arsa Seoc.

“Tha h-uile pàirt dhìomsa fuar,” ars Iain.

“Am faod sinn stad? Chan urrainn dhòmhsa a dhol nas fhaide. Tha i ro fhuar dhomh.”



“Nach dèan sinn taigh-sneachda?” arsa

Yasmin. “An uair sin bidh sinn blàth.”

Rinn a' chlann taigh-sneachda mòr.

Bha e glè bhlàth na bhroinn.

Rinn a' chlann

leabaidh leis

a' bhrat-ùrlair agus

cha b' fhada gus an

robh an triùir nan cadal.




Bha Iain ag aisling gun robh e a' dèanamh bodach-sneachda. Chunnaic Seoc aisling gun robh e a' dol sìos beinn uabhasach luath, air sleidse. Chunnaic Yasmin aisling mu mhathan-sneachda mòr a bha a' feuchainn ri faighinn a-steach dhan taigh-sneachda. Dhùisg Yasmin agus eagal mòr oirre. Dhùisg Iain agus Seoc cuideachd an uair sin.



Chuala a' chlann fuaim air taobh a-muigh an taigh-sneachda. IBH IBH IBH chuala iad.  
 "Dè bha siud?" arsa Yasmin.  
 Choimhead iad uile a-mach às an taigh-sneachda agus an sin bha mathan-sneachda mòr geal.

“Halò,” ars am mathan-sneachda.  
“Tha mi air tighinn airson ur toirt chun  
a’ Phòla a Tuath.” Leum a’ chlann uile  
air a dhruim agus a-mach a dh’fhalbh  
e leotha chun a’ Phòla a Tuath.  
Chunnaic iad beanntan-deighe, ròin,  
sionnaich gheala agus gearran.  
Bha i a’ sìor fhàs na b’ fhuaire  
agus na b’ fhuaire.



Mu dheireadh dh'èigh am mathan-sneachda,  
“Seo sinn a-nis aig mullach an t-saoghail.  
Seo am Pòla a Tuath.”

“Seall suas dhan adhar,” arsa Yasmin.

“Tha e dearg, buidhe, uaine agus gorm gu  
lèir.”

“Tha e eireachdail!” thuirt Iain.

“S e a tha,” ars am mathan-sneachda,

“ach tha i fada ro fhuar dhuibh an seo.  
Nach fhalbh sibh dhachaigh a-nis?”



Mar sin dh'fhàg Yasmin, Seoc agus  
Iain slàn aig a' mhathan-sneachda  
agus shuidh iad air a' bhrat-ùrlair.  
Dh'èigh Iain sìos ris a' mhathan-sneachda,  
“Tapadh leat airson na cuairt!”  
An uair sin sgèith am brat-ùrlair suas  
dhan adhar gu sgiobalta.

“Dè tha sibh air a bhith a’ dèanamh?”  
 dh’fhaighnich an athair agus e a’ coiseachd  
 a-steach dhan rùm.  
 Bha iadsan an sin nan suidhe air a’ bhrat-ùrlair.  
 “Dè am fuaim uabhasach a bha siud?”  
 dh’fhaighnich e.  
 “Uill,” arsa Yasmin, “s e stòraidh glè fhada  
 a tha sin.”



Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
 Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
 earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND  
 IBADAN JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE  
 PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© William Edmonds 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997  
 A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2005

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004, 2003  
 10 9

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte  
 air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo  
 ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho  
 Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

**Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn**  
 Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha William Edmonds a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a chomharrachadh  
 mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 634 1